

An Sgoil Shamhraidh Dhràma

5 gu 16 Iuchar 2010



- ▶ A bheil Gàidhlig agad?
- ▶ A bheil ùidh agad ann an dràma?
- ▶ Am bi thu eadar 14 agus 18 bliadhna a dh'aois (eadar 5 agus 16 Iuchar 2010)?

...siuthad ma-thà – cuir iarrtas a-steach airson àite aig an Sgoil Shamhraidh Dhràma!

Chaidh an Sgoil Shamhraidh Dhràma ath-bheothachadh ann an 2008 agus bhon uair sin tha 35 cleasaichean bho air feadh Alba air trèanadh fhaighinn ann an caochladh farsaing de sgilean stèidse. Tha an Sgoil saor 's an asgaidh do thagraichean soirbheachail.

An Sgoil

Tha an Sgoil, a bhios a' ruith bho **5 gu 16 Iuchar 2010**, fosgailte do dhuine sam bith le Gàidhlig a bhios eadar **14 agus 18 bliadhna a dh'aois eadar na cinn-latha seo**. 'S ann ann am **Bun-sgoil Phort Rìgh** a bhios na clasaichean gan cumail.

Na Clasaichean

Gheibh com-pàirtichean trèanadh agus stiùireadh ann an taghadh farsaing de sgilean - cleasachd, sgilean gutha, gluasad, dannsa, sgilean cruthachail agus sgilean stèidse san fharsaingeachd. Bidh na cuspairean seo gan teagasg le sgioba ealanta de shàr chleasaichean agus luchd-ealain eile, nam measg **Artair Donald**, **Catrìona Lexy Chaimbeul**, **Ruairidh MacNeacail** agus **Daibhidh Walker**. Bithear cuideachd ag obair air pìosan dràma a thèid a thaisbeanadh ann an Àros, Port Rìgh (faic shìos).

Àite-fuirich

Bidh com-pàirtichean a' fuireach ann an **Òstail Àrd-sgoil Phort Rìgh**, agus gheibhear braicist, lòn agus dinnear ann cuideachd. Bidh sgioba de luchd-aire a' fuireach làn-ùine san òstail.

Oidhche Thaisbeanaidh

Thig a' cheala-deug gu crìch le **oidhche thaisbeanaidh air 15 Iuchar ann an Àros, Port Rìgh**, a bhios fosgailte don mhòr-shluagh.

Cosgaisean


Thèid na cosgaisean air fad a phàigheadh (cosgaisean na cùrsa, àite-fuirich, biadh agus siubhal), dhaibhsan a tha soirbheachail.

Iarrtasan agus deuchainean

Feumaidh iarrtasan a bhith a-staigh **ro Dhihaoine 23 Giblean** (a' cleachdadh na foirm air a' bhileig seo). Tha sia àiteannan deug air a' chùrsa. Thèid agallamhan a chumail air feadh Alba eadar 26 Giblean agus 7 Cèitean. Cluinnidh tagraichean mu chinn-latha airson seo às dèidh 23 Giblean.

Tuilleadh fiosrachaidh

Gheibhear an tuilleadh fiosrachaidh bho Dougie Beck air 01463 225559 no douglas@feisean.org



Ainm		Ceann-latha breith	
Seòladh			
Aireamh fòn an taighe	Fòn-làimhe	Post-d	
Geàrr-iomradh air eòlas a thaobh dràma			
Sgoil			
Ainm-sgrìobhte pàrant/neach-aire: tha mi a' toirt cead don neach air ainmeachadh shuas iarrtas a chur a-steach mu choinneamh na Sgoile Shamhraidh Dràma 2010			Ainm ann an LITRICHEAN MÒRA
Till seo, ro 23 Giblean 2010 , gu: Dougie Beck, SSD2010, Fèisean nan Gàidheal, 111 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis IV1 1LX			

An Sgoil Shamhraidh Dhràma

5 to 16 July 2010



- ▶ Do you speak Gaelic?
- ▶ Are you interested in drama?
- ▶ Will you be aged between 14 and 18 (between 5 and 16 July 2010)?

...on you go then – apply for a place at the Sgoil Shamhraidh Dhràma!

The Sgoil Shamhraidh Dhràma was re-established in 2008 and since then 35 Gaelic speaking actors have received training in a wide range of stage skills. The Sgoil is free of charge for successful applicants.

The Sgoil

The Sgoil will run from **5 to 16 July 2010** and is open to any fluent Gaelic speaker aged **14 to 18 between these dates**. Classes will be held in **Portree Primary School**.

The Classes

Participants will receive training in a wide range of skills, including acting, voice, movement, dance, creative skills and general stagecraft from a great line-up of tutors including well-known names such as **Artair Donald, Catriona Lexy Campbell, Roddy Nicolson** and **Daibhidh Walker**. Drama pieces will also be prepared which will be performed in Àros, Portree (see below).

Accommodation

Accommodation will be in **Portree High School Hostel**, with breakfast, lunch and dinner provided. A team of supervisors will be on-hand at all times.

Performance night

The fortnight will come to a close with a performance night, open to the public, on **15 July in Àros, Portree**.

Cost

Successful applicants' costs will be met in full (course fees, accommodation, food and travel).

Applications and auditions

Applications, using the form below, must be in **by Friday 23 April** (using the form below). There are 16 places available. Auditions will be held across Scotland between 26 April and 7 May. Information on times and dates will be forwarded after receipt of applications.

More information

Please contact Dougie Beck on 01463 225559 or douglas@feisean.org for more information.



Name		Date of birth	
Address			
Home tel	Mobile	Email	
Summary of drama experience			
School			
Parent's/Guardian's signature: I give permission for the person named above to apply for a place on the Sgoil Shamhraidh Dhràma 2010.			Please print name
Return, <u>by 23 April 2010</u> , to: Dougie Beck, SSD2010, Fèisean nan Gàidheal, 111 Academy Street, Inverness IV1 1LX			